

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **Pàraig an Òir**

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,223. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 919 corresponds to Litir 1,223. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learn Gaelic.scot/litir](http://www.learn Gaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learn Gaelic.scot](mailto:fios@learn Gaelic.scot).*

Bha mi a' seòladh turas faisg air ceann an iar-dheas Mhuile agus tha cuimhne agam gun robh e gu math cunnartach. Tha sreath sgeirean agus bodhachan an sin a tha clàraichte air na cairtean-mara mar 'Torran Rocks'. Anns an t-seann aimsir, feumaidh gun robh iad air leth cunnartach do mharaichean.

Tha sgeul beag agam dhuibh an t-seachdain seo a tha a' tòiseachadh anns an sgìre sin. 'S e an t-ainm a th' air 'Pàraig an Òir'. Latha a bha seo, bha Pàraig agus dithis eile ag iasgach an sin. Chunnaic iad long mhòr. Bha i a' dèanamh air na sgeirean. Dh'fheuch na h-iasgairean ri rabhadh a thoirt don sgiobair mun chunnart.

Thàinig an long faisg orra. Dh'èigh an sgiobair, nan tigeadh fear dhen triùir aca air bòrd airson an stiùireadh tro na sgeirean gu sàbhailteachd, gum faigheadh e deagh dhuais. Thilg Pàraig ceann ròpa thuca agus shreap e air bòrd. Rinn e iùil dhaibh, agus fhuair an long tro na sgeirean.

Ge-tà, rinn an sgiobair rud olc. Gheàrr e an ròpa don eathar, a' fàgail caraidean Phàraig às an dèidh. Thuir an sgiobair gun robh iad air an t-slighe a dh'Ameireagaidh agus gu feumadh e obair a ghabhail air bòrd mar bhall dhen chriutha. **Cha robh taghadh aige.**

Nuair a ràinig Pàraig Ameireaga, bha glè bheag de dh'airgead aige agus cha robh Beurla sam bith aige. Chaidh a thoirt a-steach gu oifis far an do bhruidhinn fear ris ann an Gàidhlig. Cò bh' ann ach am fear leis an robh an long! Dh'inns Pàraig dha gur ann à Eilean Ì a bha e. Mhìnich e dha mar a thachair.

Dh'iarr am fear leis an robh an long air an sgiobair thighinn a bhruidhinn ris. 'A bheil thu ag aithneachadh an duine seo?' thuir e, a' comharrachadh Phàraig. 'Tha,' ars an sgiobair. 'Bha e na bhall dhen chriutha. Leig mi air a' chidhe e, nuair a ràinig sinn Ameireaga.'

'Breugan!' thuir fear an luingeis. Agus **fhuair an sgiobair a throd.** 'Thalla thus,' thuir fear an luingeis ris, 'agus faigh còig ceud punnd Sasannach a bheir thu don duine seo. Mura dèan thu sin taobh a-staigh dà uair a thìde, bidh thu a' cur seachad a' chòrr dhed bheatha sa phrìosan!'

Thug fear an luingeis Pàraig gu bùth airson aodach a cheannach dha. Nuair a thill iad, bha an sgiobair ann le còig ceud punnd ann am buinn òir. Thuir e gun toireadh e Pàraig dhachaigh a dh'Alba ach dhiùlt fear an luingeis sin. 'Tillidh Pàraig còmhla riumsa air soitheach eile,' thuir e.

Rinn Pàraig màileid dha fhèin anns an do chùm e na buinn òir. Ràinig e Grianaig agus ghabh e soitheach gu ruige Muile. Choisich e gu Fionnphort air an Ros Mhuileach agus chaidh e thar a' chaolais a dh'Eilean Ì. Bha bliadhna air a dhol seachad on a chaidh e air an luing, agus cha robh dùil aig duine gun tilleadh e.

Bha muinntir Ì eòlach air mar Phàraig an Òir. Bho àm gu àm, bhiodh e a' toirt a-mach bonn òir airson a shealltainn do chloinn an eilein. Dh'innseadh e dhaibh gum b' e sin an duais a fhuair e bhon latha-iasgaich a b' fhaide a bh' aige riamh.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** maraichean: *mariners*; Pàraig an Òir: *Peter of the Gold*; long: *ship*; rabhadh: *warning*; dh'èigh: *shouted*; olc: *evil, bad*; ag aithneachadh: *recognising*; breugan: *lies*; fear an luingeis: *the shipping man [he owned a fleet]*.

**Abairtean na Litreach:** a' seòladh turas faisg air ceann an iar-dheas Mhuile: *sailing one time near the south-west of Mull*; tha sreath sgeirean agus bodhachan an sin: *there is series of skerries and sunken rocks there*; clàraichte air na cairtean-mara: *recorded on the marine charts*; bha i a' dèanamh air na sgeirean: *she was headed for the skerries*; nan tigeadh fear dhen trìuir air bòrd airson an stiùireadh tro na sgeirean gu sàbhailteachd: *if one of the three men would come on board to guide them through the skerries to safety*; gum faigheadh e deagh dhuais: *that he would be well rewarded*; rinn e iùil dhaibh: *he guided them*; gheàrr e an ròpa don eathar, a' fàgail caraidean Phàraig às an dèidh: *he cut the rope to the fishing boat, leaving Peter's friends behind them*; cò bh' ann ach am fear leis an robh an long!: *who was it but the man who owned the ship*; gur ann à Eilean Ì a bha e: *that he was from Iona*; faigh còig ceud punnd Sasannach a bheir thu don duine seo: *get five hundred English pounds that you'll give to this man*; bidh thu a' cur seachad a' chòrr dhed bheatha sa phrìosan: *you'll be spending the rest of your life in [the] prison*; rinn Pàraig màileid dha fhèin anns an do chùm e na buinn òir: *Peter made a bag for himself in which he kept the gold coins*; ràinig e Grianaig agus ghabh e soitheach gu ruige Muile: *he reached Greenock and took a boat to Mull*; choisich e gu Fionnphort air an Ros Mhuileach: *he walked to Fionnphort on the Ross of Mull*; thar a' chaolais a dh'Eilean Ì: *across the sound to Iona*; an duais a fhuair e bhon latha-iasgaich a b' fhaide a bh' aige riamh: *the reward he got from the longest fishing day he ever had*.

**Puing-chànain na Litreach:** fhuair an sgiobair a throd: *the captain was scolded*. Literally this means 'the caption got his scolding'; it employs the possessive pronoun. If a female were scolded, we would say 'fhuair i a trod'; if it were a plural number of people, we would say 'fhuair iad an trod'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Cha robh taghadh aige: *he had no choice*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA